

Spiorad na Gàidhealtachd – dè a th' ann?

An e am fearann? Na daoine? Na seallaidhean, na fuaimhean is na fàilidhean?

Iad seo air fad...agus barrachd...

Tha an spiorad air a ghlacadh sna sgeulachdan aice

Cuireadh do Luchd-ealain

Tha **Spiorad:360** a' coimiseanadh prògram do phroifeiseantaich chruthachail a tha a' tighinn am bàrr no a tha stèidhichte mar-thà – sgrìobhadairean, luchd-ciùil, luchd-film, luchd-ealain lèirsinneach, agus eile – airson obair ùr a chruthachadh a tha air a brosnachadh le sgeulachdan ionadail a tha a' nochdadh cuspair '*Spiorad na Gàidhealtachd*'.

Tha **Spiorad:360** fosgailte do phroifeiseantaich chruthachail a tha stèidhichte ann an sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd, no a tha às an sgìre bho thùs.

Thèid an obair choimiseanaichte a thaisbeanadh air ùrlar ùr air-loidhne, ri taobh na sgeulachd a bhrosnaich am pìos. Thèid fiosrachadh mu gach proifeiseantach cruthachail a chur air adhart air-loidhne cuideachd (me àite, fiosrachadh gnothachais, ceangalan gu làrach-lìn gnothachais agus/no seanailean reic).

Tha pròiseact *Spiorad na Gàidhealtachd* a' cruinneachadh sgeulachdan am measg an t-sluaigh bho choimhearsnachdan ionadail agus thathar a' toirt cuireadh do luchd-ealain na sgeulachdan seo a leughadh is an cleachdadh mar thobar brosnachaidh. Faodaidh luchd-ealain na sgeulachdan aca fhèin no sgeulachdan eile a chleachdadh cuideachd¹. Thèid ceangalan gu na sgeulachdan a thoirt seachad mar phàirt dhen phròiseas iarrtais.

Thathar a' brosnachadh iarrtasan bhuapasan a tha ag obair gu proifeiseanta thar nan ealan uile, a' gabhail a-steach obair-aodaich, ealain lèirsinneach, ceàirdean, seudraidh, ceòl, film, togail dhealbh, dannsa, facal sgrìobhte agus tèatar. Thathar cuideachd a' cur fàilte air iarrtasan anns a' Ghàidhlig. Tha coimiseanan air an toirt seachad airson obair ùr a-mhàin agus feumar an crìochnachadh taobh a-staigh raon-ama a' phròiseict a tha air a mhìneachadh gu h-ìosal.

Tha coimiseanan rim faotainn suas gu £1,000 aig a' char as àirde. Bu chòir dhan t-sùim a tha air a faotainn na cosgaisean leasachaidh is dèanaidh uile co-cheangailte ris a' phios

¹ Thèid sgeulachdan uile a thèid a chleachdadh mar bhrosnachadh do choimisean soirbheachail *Spiorad:360* a gabhail a-steach ann an tasglann *Spiorad:Fèin-eachdraidh* aig *Spiorad na Gàidhealtachd*.

thaisbeanadh dheireannach a chòmhdach. Thèid cosgaisean airson a bhith air an ùrlar air-loidhne a choinneachadh fa leth leis a' phròiseact fhèin.

Tha **Spiorad:360** a' faighinn taic bho phrògram Com-pàirteachas Àite Alba Chruthachail agus bidh High Life na Gàidhealtachd a' cumail rian air mar phàirt de phròiseact *Spiorad na Gàidhealtachd*.

Raointean-ama

30 Iuchar 2021	Ceann-latha dùnadh airson iarrtasan
27 Lùnastal 2021	Fios a' dol gu tagraichean mu thoradh nan iarrtas
Sultain 2021 – Gearran 2022	Leasachadh agus dèanamh
Gearran – Màrt 2022	Clàradh nam pìosan coimiseanaichte
Giblean 2022	Cur air bhog ùrlar air-loidhne
Samhradh 2022 air adhart	Taisbeanadh/Slighe Taisbeanadh <i>Spiorad:360</i> (Ri dhearbhadh)

Mar a bu Chòir Iarrtas a Chur A-steach

Faodaidh proifeiseantaich chruthachail a tha a' tighinn am bàrr no a tha stèidhichte mar-thà, agus a tha stèidhichte ann an sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd no a tha às an sgìre bho thùs, ùidh a chlàradh ann am prògram coimiseanaidh *Spiorad:360* aig <https://spirit360.spiritofthehighlands.com>

Nuair a chlàraicheas iad, gheibh luchd-ealain foirm iarrtais *Spiorad:360* agus fiosrachadh mun dòigh anns am faigh iad a-steach gu sgeulachdan *Spiorad na Gàidhealtachd* a chaidh a chruinneachadh am measg an t-sluaigh.

Bu chòir iarrtasan lìonnte agus stuthan taice sam bith a bhith air an cur a-steach gu spirit.360@highlifehighland.com ro 5f, Dihaoine 30 Iuchar 2021. Leigidh sinn fhaicinn gun d' fhuair sinn gach iarrtas. Thèid measadh a dhèanamh air gach iarrtas taobh a-staigh ceithir seachdainean bhon cheann-latha dùnadh.

Tuilleadh Fiosrachaidh

Tha dà phàirt san fhoirm iarrtais:

1. **Fiosrachadh Neach-ealain:** a' taisbeanadh ion-roghnachd an tagraiche le bhith a' nochdadh an sgilean is an comais ann an cruth Aithris Neach-ealain agus/no stuthan taice a tha a' taisbeanadh obair a rinneadh roimhe.
2. **Am Moladh:** dreachd de bheachd-smuain an tagraiche agus mar a tha seo a' nochdadh *Spiorad na Gàidhealtachd*, le taic bho bhuidseat agus raon-ama airson a bhith a' cur crìoch air an obair. Bu chòir fiosrachadh mun sgeulachd a thug brosnachadh dhan bheachd-smuain a bhith air a ghabhail a-steach cuideachd.

Thèid beachdachadh air na tagraichean le pannal riochdairean bho bhuidhnean ealain is cultarail stèidhichte sa Ghàidhealtachd, Alba Chruthachail agus sgioba *Spiorad na Gàidhealtachd*. Thèid molaidhean a mheasadh a rèir càileachd na beachd-smuain agus cho math 's a tha i a' freagairt air a' bhrath-ullachaidh – 's e sin sgeulachd a tha a' nochdadh *Spiorad na Gàidhealtachd*. Thèid fios air ais a thoirt do na tagraichean air fad.

Thèid iarraidh air luchd-ealain shoirbheachail an ainm-sgrìobhte a chur ri aonta cùmhnant le fiosrachadh mun choimisean a tha san amharc. Thèid 75% dhen chosgais a phàigheadh nuair a thèid an coimisean aontachadh (nuair a thèid an cùmhnant a thilleadh le ainm-sgrìobhte) agus 25% nuair a thèid an obair a chrìochnachadh is a chur a-steach.

Thathar an dùil gun dèan tagraichean soirbheachail na leanas:

- An coimisean crìochnaichte a lìbhrigeadh ro Ghearran 2022.
- Ceangal a chumail suas le sgioba *Spiorad na Gàidhealtachd* mar a bhios a dhìth tron phròiseact².
- Beatha-eachdraidh ghoirid, fiosrachadh mun choimisean, ceangalan agus/no fiosrachadh seòlaidh airson làraich-lìn agus/no àiteachan stiùidio a thoirt seachad airson an cleachdadh air an ùrlar air-loidhne.
- Aithne a thoirt do phròiseact *Spiorad na Gàidhealtachd* ann an stuth sam bith ceangailte ris a' choimisean.

Gleidhidh an neach-ealain còir-lethbhreac airson na h-obrach agus na còraichean ath-riochdachaidh uile. Bidh còraichean aig *Spiorad na Gàidhealtachd* cothrom fhaighinn air a' phìos choimiseanaichte chrìochnaichte bho àm coimiseanaidh gu Màrt 2024 agus faodar a chleachdadh airson nan adhbharan a leanas:

- Pròiseas cruthachail a' choimisein a chlàradh
- Taisbeanadh de phìosan coimiseanaichte crìochnaichte *Spiorad:360*
- Airson a chleachdadh ann a bhith a' cur am follais is a' cur air adhart pròiseact *Spiorad na Gàidhealtachd*

Faodaidh High Life na Gàidhealtachd agus Alba Chruthachail ìomhaighean dhen choimisean a chleachdadh mar phàirt de phròiseactan *Spiorad:360* agus *Spiorad na Gàidhealtachd*, a' gabhail a-steach nan adhbharan a leanas:

- Taisbeanadh pròiseict air-loidhne
- Ath-riochdachadh ann an, ach gun a bhith cuingealaichte ri, catalogan, pasgain-foghlaim agus stuthan eadar-mhìneachaidh (a' gabhail a-steach didseatach)
- Ath-riochdachadh airson a chleachdadh ann an stuth cur am follais, margaidheachd is aithris, a' gabhail a-steach ach gun a bhith cuingealaichte ri, cur air adhart sna meadhanan, làrach-lìn, ùrlaran meadhanan sòisealta
- Lèirmheas sgrùdach dhen pròiseact

² Tha sinn an dùil pròiseact *Spiorad:360* a chlàradh tro fhilm is tro chlàraidhean fuaime agus thèid cuireadh a thoirt do thagraichean soirbheachail uile innse mun eòlas aca fhèin a thaobh a' choimisein agus mun pròiseas cruthachail tron phrògram aithriseach seo.

- Tasglann a' toirt seachad clàr de eachdraidh a' phròiseict agus a' gabhail a-steach goireas aithneachaidh is rannsachaidh nach bi air iasad agus nach bi a' togail teachd-a-steach

Airson ceistean sam bith a thaobh **Spiorad:360**, a' gabhail a-steach ion-roghnachd airson iarrtas a chur a-steach agus am pròiseas tagraidh, cuir fios gu spirit.360@highlifehighland.com

Cùl-raon

'S e sgeama coimiseanaidh luchd-ealain a th' ann an **Spiorad:360** agus tha e na phàirt de *Caisteal Inbhir Nis – Spiorad na Gàidhealtachd*, aon de phròiseactan Cùmhnant Baile Roinne Inbhir Nis agus na Gàidhealtachd. 'S e co-iomairt a th' ann an Cùmhnant Baile Roinne Inbhir Nis agus na Gàidhealtachd le taic bho thasgadh suas ri £315m bho riaghaltasan na Rìoghachd Aonaichte agus na h-Alba, Comhairle na Gàidhealtachd, Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean agus Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean, le amas fàs eaconamach roinneil seasmhach a bhrosnachadh.

Tha pròiseact *Caisteal Inbhir Nis – Spiorad na Gàidhealtachd* ag amas air slighe a chruthachadh airson turasachd na Gàidhealtachd, a' cur spionnadh às ùr ann an turasachd thar na sgìre agus a' toirt seachad tasgadh air a bheil cruaidh fheum sa ghnìomhachas agus a chuidicheas le bhith ag ath-shlànachadh às dèidh buaidh galar mòr-sgaoilte Covid-19.

Bidh am pròiseact a' cur taic ri fàs eaconamach air feadh sgìre na Gàidhealtachd, a' cruthachadh goireas tarraingeach, seasmhach, ion-obrachail agus 'feumar fhaicinn' a bhios a' comharrachadh spiorad na Gàidhealtachd. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh air www.spiritofthehighlands.com